



A' Sgrùdadh Eachdraidh Sràidean




Ciamar a bhios sràidean a' faighinn an ainmean?

- Mar as trice bidh sràidean air an ainmeachadh leis a' chomhairle ionadail nuair a thèid an togail.
- Nuair a bhios ionad-thaighean ùr air a thogail, gu tric bidh na sràidean air an ainmeachadh às dèidh cuspair mar craobhan, pearsachan eachdraidheil no daoine ainmeil ann an spòrs.
- Uaireannan bidh ainm sràid shònraichte air atharrachadh gus urram a chur air tachartas ainmeil no 's dòcha duine às an àite.



Mar a gheibhear a-mach mu ainmean shràidean

- Tòisich le smaoineachadh air ainm na sràide. A bheil i air a h-ainmeachadh às dèidh duine no tachartas (me 'Nelson Mandela Walk' no an e dìreach ainm rud cumanta mar craobh no eun a th' oirre (me 'Swallow Avenue' no 'Elm Road'))?
- Dè mu dheidhinn na sràidean timcheall – a bheil na h-ainmean aca a' leantainn pàtran?
- Ma tha i air a h-ainmeachadh às dèidh rudeigin shònraichte, dh'fhaodadh tu faighneachd dha na daoine a tha a' fuireach air an t-sràid a bheil fios aca ciamar a fhuair i an t-ainm.
- Cuir fios gu Roinn Dealbhaidh na comhairle agad agus faighnich dhaibh mun ainm.
- Mas e ainm slàn duine a th' ann dh'fhaodadh tu an lorg air an eadar-lìon*.



* Na cleachd an t-eadar-lìon uair sam bith airson rannsachadh gun innse do dh'inbheach dè tha thu a' dol a dhèanamh!



RHODFA RIVIERE
RIVIERE'S AVE

B' e Louis Riviere an stiùiriche anns an taigh-cluiche seo ri taobh na mara. Tha an t-sràid air an robh e a' fuireach a-nis air a h-ainmeachadh às a dhèidh.



Dè an cuspair a th' ann?

SILVER STREET

LEAD ST!

IRON STREET

EMERALD STREET

TOPAZ STREET

DIAMOND STREET

BLENHEIM RD

LADYSMITH RD

ALMA RD

Tha na sràidean seo air an ainmeachadh às dèidh batail anns an robh Arm Bhreatainn a' sabaid.



Tha an t-ainm ag innse dhut càit a bheil an rathad a' dol!



LILY STREET



Bha an fheadhainn seo air an ainmeachadh às dèidh nighnean an duine a thog iad!